

Tillidh Mi

Runrig

Tha samhradh bliadhna eile air tighinn
Ach cha thog mo ghrian an aird
Mo chasan trom 's iad ag iarraidh dhachaidh
'S m'inntinn dol mu'n cuairt
Tha mi fallain, tha mi rg
Ach lag 's mi bathadh gun do phrg
Cha chaidil mi gun till mi do mo ghraidh

Bho am gu am bidh mise a' coiseachd
N'am anrachd smos an t-sraid
Mi smaoineachadh air abhainn fhada
Tha laighe fad' bhon rathad
'S I gu bhith lan le bric a' snamh
'S tachais dian na mo laimh
Cha chaidil mi gun till mi do mo ghraidh.

Tillidh mi dhachaidh, tillidh mi dhachaidh
Cha chaidil mi gun till mi do mo ghraidh

Tillidh mi dhachaidh, tillidh mi dhachaidh
Cha chaidil mi gun till mi do mo ghraidh

Nuair a thuiteas oidhche orm
'Se am as miosa a th'ann
Mise laighe na'm mo leabaidh
'S thusa 'nam mo cheann
Cha bhiodh an samhradh cheart cho doirbh
'S tu 'nad shmneadh ri mo thaobh
Cha chaidil mi gun till mi do mo ghraidh.

Tillidh mi dhachaidh, tillidh mi dhachaidh
Cha chaidil mi gun till mi do mo ghraidh

Tillidh mi dhachaidh, tillidh mi dhachaidh
Cha chaidil mi gun till mi do mo ghraidh